

A' charragh annasach ann
an cladh Obar Leamhnach,
a tha a' sealltainn fìor sgìl is
ealain nan Cruithneach.

A' RANNSACHADH CARRAGH OBAR LEAMHNACH

Fiosrachadh don Luchd-Teagaisg



FOGHLAM



A' RANNSACHADH LÀRAICHEAN EACHDRAIDHEIL



Carragh Obar Leamhnach

Tha carraighean Cruithneach am measg nan clachan-cuimhne is sònraichte an Alba. Gheibhear samhlaidhean is ìomhaighean grinn nochdte snaighte air ulpagan is leacan, 's air clachan-seasaidh a chaidh a ghearradh is a chumadh a dh'aona ghnòthach. Chaidh a' chuid is motha de na tha againn an-diugh a shnaigheadh eadar 500 agus 900 BT. Tha tòrr dhiubh a-nis an taighean-tasgaidh gus an glèidheil, ach feadhainn fòs mar annas dhuinn san àite san deach an cur suas beagnach 1500 bliadhna air ais.

Air aon dhiubh seo tha a' charragh shàr-ghlèidhte ann an cladh-eaglais Obar Leamhnach. Air aon taobh den charragh tha crois throm-chumta, snaighte bhon leac agus air a maiseachadh le obair-shnaimhe eadar-fhighte. Ach air an taobh eile tha sgeul gu tur eadar-dhealaichte, sgeul catha. An-seo chì sinn eich, deise-airm, innealan-cogaidh agus sgeul buaidh aon taoibh is call fuilteach an taoibh eile. Tha e coltach gu bheil a' charragh seo a' comharradh, air dòigh neo-àbhaisteach, rud a thachair san da-rìribh, 's dòcha cath Linn Garan ann an 685 BT. Tha carraighean snaighte eile air an rathad faisg air làimh.

Fiosrachadh feumail

- Fiosrachadh is uairean-fosgailte an Taigh-Tasgaidh: Fòn. 01681 700512.
- Slighe-steach is parcadh: faodar busaichean a pharcadh aig togalach-uidhe aiseag Fhionnphort, Eilean Mhuile. Tha an t-aiseag a' toirt mu 10 mionaid. Air chois, ruigear Eilean Ì an ceann 10 mionaid.
- Taigh-beag: tha iad seo so-ruigsinneach is faisg air làimh.
- Cunnart is Sàbhailteachd: tha seo fo chùram an neach-teagaisg air a bheil an uallach sin.
- Molar gum bi 1 inbheach ann fa chomhair 10 phàistean.

Mar a chleachdar an goireas seo

Tha an goireas seo air a chur ri chèile gus cuir an comas luchd-teagaisg no phàrantan rannsachadh beag a dhèanamh air carragh cladh Obar Leamhnach. Bidh deasbad sìmplidh a' dìreadh aire nan sgoilearan air na tha iad a' faicinn agus gam misneachadh an fhianais seo a mhìneachadh. Bu chòir an leabhar-treòrachaidh seo a chleachdadh cuide ris an leabhar mhòr dhathte *A' Rannsachadh Charraighean Snaighte*, Alba Aosmhor 2009. Tha seo ri fhaotainn saor 's an asgaidh don luchd-teagaisg o Alba Aosmhor agus gabhaidh fhaighinn cuideachd air làrach-lìn Alba Aosmhor. Tha an leabhran seo a' cur Carragh Obar Leamhnach ann an co-theacs nan clachan Cruithneach eile 's a' moladh tuilleadh rud a nìthear roimh thighinn ann agus na dhèidh.

Fòn 0131 668 8793/8736 no tadhail air www.historic-scotland.gov.uk gus barrachd fhaighinn a-mach.

Gnìomhan a mholar

- Tomhais a' charragh, chor is gun tèid agad air modail a dhèanamh air ais san sgoil.
- Dèan dealbh de dh'aon phàirt den charragh. San sgoil faodar na deilbh seo a chur gu feum mar bhunait dealbh-sgèile neo modail. Neo dh'fhaodadh an cleachdadh gus sgrìobhadh smaoineachail no ealain a mhisneachadh. Tha na samhlaidhean feumail mar mhotif do dh'obair chlò-bhualaidh.
- 'Snaigh' pàtran no suaicheantas on charragh a-steach air sglèat crèadha. Nuairsin ghabhadh seo a chur ann an àth is ann an raon-cluiche na sgoile.
- Dealbhaich pàtran de dh'ainmhidhean eadar-fhighte, an dàrna cuid fìor neo miotasach.
- Smaoinich gu robh thu ag aithris a' chatha sa phàipear-naidheachd ionadail. Sgrìobh geàrr-chunntas air a' chath, a' cur feum air ìomhaighean na carraighean mar "dhealbhan-camara".

Tuilleadh leughaidh

- Foghlam Alba Aosmhor, *A' Rannsachadh Charraighean Snaighte*, Alba Aosmhor 2009.
- Anna Ritchie, *Picts*, Alba Aosmhor/ OFNB 1995.
- Iain Friseal agus John Borland, *The Pictish Symbol Stones of Scotland*, CRLAEA 2008.



Robh fhios agad...

'S dòcha gun do dhathaich na Cruithnich an carraighean le crè ruadh no gual loisgte.



Sgeul catha, snaighte ann an cloich.



Tha a' chrois a' seasamh a-mach on chloich.

Cùl-fhiosrachadh

Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan ron turas neo air an làraich.

- Chaidh a' charragh seo a shnaigheadh corr is 1200 bliadhna air ais le cinne daoine air a bheil Na Cruithnich. B' iadsan a bha a' còmhnaidh air taobh tuath is taobh an ear na h-Alba eadar 300 is 900 BT.
- Chan eilear cinnteach dè feum a bha sna carraighean seo. Is dòcha gun robh iad a' comharradh àite-tiodhlacaidh cuideigin cudromach, comharra-crìche air neo àite far am biodhte ri deas-ghnàthan cràbhach.
- Tha mòran charraighean Cruithneach mar an tè seo ann an Alba. Tha fhios againn gur e na Cruithnich a rinn iad ri linn 's gu bheil iad snaighte ann an stoidhle coltach ri chèile 's tòrr de na Th-aon ìomhaighean neo pàtranan orra.
- Chan fhios an-diugh dè is ciall do na samhlaidhean. 'S dòcha gu bheil cànan annta, neo gun cuir iad ainmean daoine an cèill. Dh'fhaodadh gu bheil an diosc-dùbailte a' sealltainn gun deach dà theaghlach a cheangal tro phòsadh. 'S dòcha gun deach a' charragh a mhaiseachadh no a pheantadh agus i ùr-nua.
- Tha a' charragh-sa glè neo-àbhaisteach oir tha coltas ann gu bheil tachartas fìor clàraichte oirre. 'S dòcha gun deach a snaigheadh mar chuimhneachan.



Tha a' chrois air a cuairteachadh le pàtranan

Puingean-deasbaid

<i>Spreagadh an Neach-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean nan sgoilearan</i>
Gabh grad-amharc den chrois. Lorg samhla neo pàtran is math leat. Seall ri caraid e.	Freagairtean nan sgoilearan fhèin.
Seall air an taobh sa bheil a' chrois. Dè bhios a' chrois a' samhlachadh?	Samhla Crìosdail.
Dè dh'innseas seo dhuinn mu na Cruithnich?	Gun robh iad nan Crìosdaidhean.
Tha a' chrois mar gum biodh a' seasamh a-mach on chloich. Ciamar a chaidh aig an luchd-snaighidh air seo a dhèanamh?	Le bhith a' snaigheadh na cloiche timcheall air cruth na croise - obair mhòr.
Ciamheud ainmhidh a chì thu air an taobh seo?	Dà 'each-mara' sìos air dheis. Dà ainmhidh eadar-shnaighte le 'goban' no socan fada tana air dheis sa mheadhan. Trì ainmhidhean a' bìdeadh earbaill a chèile air chli. Beathach taobh mu seach mu bhàrr na croise. Gu h-iomlan: 9 ainmhidhean.
A bheil iad fìor neo miotasach?	Miotasach.
Saoil carson a shnaigh na Cruithnich Crìosdail ainmhidhean miotasach air an cuid charraighean??	'S dòcha a shealltainn gun robh cumhachd na croise na bu làidire na miotais.
'S e smaoin eile gun robh na h-ainmhidhean às sgeulachdan àrsaidh, nas aosta na a' Chrìosdaidheachd, a bha fhathast ann an cuimhne nan Cruithneach.	'S dòcha nach robh iad a' gabhail ri taobh seach taobh - no is dòcha gun robh cuid aca fòs ag adhradh bheathaichean neònach!
Seall air pàtranan na croise. Ciamheud siostaman eadar-dhealaichte de phàtranan a tha ann?	Còig siostaman de phàtranan: cearcaill air spàrr-chois, pàtran a' lùbadh os an cionn, pàtran daoimein air tar-ghàirdein, cruth snìomhanach am meadhan na croise, pàtran triantanach aig bàrr na croise.
Dè tha gam fàgail coltach ri chèile?	Tha trì de na pàtranan a' lùbadh thairis is fodha chèile. Tha iad uile glè iom-fhillte.
Tha luchd-eachdraidh àraid a' creidsinn gun d' rinneadh na pàtranan seo air dòigh 's gum b' urrainn dhut thu fhèin "a chall" annta, a' fosgladh na h-inntinn gu dia is ùrnaigh. Saoilidh cuid eile gur dòcha gum bu ribean don diabhal iad!	
Canar 'eadar-iall' ris na pàtranan - coltach ri iallan bròige! Feuch iad a leantainn le do shùil.	



Chaidh an toll a chur ris a' chloich an dèidh làimh 's gun fhios carson

Spreagadh an Neach-Teagaisg

Seall air taobh eile na carraigh. Dè tha a' fàgail an taoibh seo eadar-dhealaichte on chiad taobh?

Bheil sìon mar an ceudna?

Dè tha thu a' smaointinn a tha a' tachairt air an taobh seo den charraigh?

Saoilidh cuid de luchd-eachdraidh gun 'leughar' sgeul a' chatha, cleas cartùn, o bhàrr gu bonn. Feuch an innis thu an sgeul, ann an 4 pàirtean, on taobh chli shuas:

Saoilidh luchd-eachdraidh gu bheil a' charragh seo a' sealltainn cath Linn Garan, a thachair faisg air làimh an 685 BT. Anns a' chath, chuir na Cruithnich ruaig air Angla-Shasannaich Nortumbria.

Dè na rudan diofraichte eadar an dà fheachd?

Cò shaoileas tu a tha a' buannachadh? Cò dhiubh na Cruithnich?

Dè na baill-airm a tha iad a' giùlain?

Carson a tha a' charragh seo feumail don luchd-eachdraidh?

Coimhead airson na samhlaidhean seo air bàrr na carraigh:

- Slat-z
- samhla diosc trì-fillte

Dè, tha thu a' smaointinn, as ciall do na samhlaidhean seo? Carson a tha iad ann?

Dè an taobh den charraigh a tha thu a' smaoinneachadh a nì an aghaidh, no am prìomh-thaobh?

Dè an taobh is fheàrr leat? Lorg am pìos dheth is annsa leat, agus innis do charaid carson is fheàrr leat e.

Freagairtean nan sgoilearan

Gu tur eadar-dhealaichte - gun phàtran, gun chrois, coltas firinneach air.

Tha dà ainmhidh mhìotasach a' dèanamh frèam 's a' coinneachadh sa bhàrr.

Tha e a' sealltainn catha.

Gaisgeach air muin eich a' ruith duine eile air muin eich. Tha an dàrna duine air a' sgiath 's a' chlaidheamh a' thilgeil dheth.

Triùir fhear air chois ag ullachadh gus ionnsaigh a thoirt air fear-sleagha air each.

Dithis air each a' sabaid a chèile le sleaghan.

Fear marbh air a' phiocadh le eun aig crìoch a' chatha.

An fheadhainn mu chli, tha orra falt fada neo aodach-cinn crom, casagan 's iad a' giùlain sgiathan cam.

An fheadhainn mu dheis, tha orra clogaidean le còmhdach-sròine agus iad a' giùlain sgiathan cruinn.

Na Cruithnich is dòcha, an fheadhainn gun chlogaidean (air chli).

Claidheamhan goirid agus sleaghan fada.

Tha e a' toirt dealbh dhuinn air mar a chuireadh cath ri linn nan Cruithneach.

Smaointean nan sgoilearan fhèin.

An taobh air a' bheil a' chrois is dòcha - samhla cudromach Crìosdail.